

FOR OFFICIAL USE

--	--	--	--	--	--

F

(KU)

(ES)

Comharraidhean
Uile

--	--

1540/404

TEISTEANAIS
NÀISEANTA
2008

DILUAIN, 26 CÈITEAN
9.00 M – 10.00 M

EACHDRAIDH
AN ÌRE CHOITCHEANN
Bun Ìre

Lìon na bogsaichean seo agus leugh na tha sgrìobhte gu h-ìosal.

Làn ainm sgoile no colaiste

Baile

Ciad ainm(ean)

Sloinneadh

Latha breith

Là Mìos Bliadhna

--	--	--	--	--	--	--	--

Àireamh an oileanaich

--	--	--	--	--	--	--	--	--	--

Àireamh an t-suidheachain

Tionndaidh gu **duilleag a trì** nuair a thèid iarraidh ort.

Mus fàg thu rùm nan deuchainnean thoir an leabhran seo don fhreiceadan. Mur dèan thu seo dh'fhaodadh tu na comharraidhean air fad airson a' phàipeir seo a chall.

Na freagair ach **dà** choitheacsa:

aon à Aonad I

agus

aon à Aonad II.

Chan fhaod thu ach **dà** choitheacsa a dhèanamh.

[DUILLEAG BHÀN]

**Dèan AON Choitheacsa à Aonad I agus AON Choitheacsa à Aonad II.
Cuir diog ris an DÀ Choitheacsa a tha thu dol a fhreagairt.**

**AONAD I—ATHARRACHADH DÒIGH BEATHA AN ALBA 'S AM
BREATAINN**

Cuir diog ri AON de na bogsaichean a leanas:

Coitheacsa B: 1830an–1930an Duilleagan 11–16

NO

Coitheacsa C: 1880an–An-Diugh Duilleagan 17–22

AGUS

AONAD II—CO-OBACHADH AGUS CÒMHSTRI EADAR-NÀISEANTA

Cuir diog ri AON de na bogsaichean a leanas:

Coitheacsa B: 1890an-1920an Duilleagan 32-37

Sgrìobh do fhreagairtean san rùm a th' air a thoirt dhut.

Chaidh beagan atharrachaidh a dhèanamh air cuid de na stòran.

Tionndaidh chun a' Choitheacsa a thagh thu ann an Aonad I.

[Tionndaidh an duilleag

**Cuimhnich AON Choitheacsa a dhèanamh à Aonad I agus
AON Choitheacsa à Aonad II.**

Comharan

KU	ES
----	----

**AONAD I—ATHARRACHADH DÒIGH BEATHA AN ALBA 'S
AM BREATAINN**

COITHEACSA B: 1830an–1930an

Sgrùd am fiosrachadh sna stòran. Faodaidh tu an t-eòlas agad fhèin a chleachdadh cuideachd.

Feuch ri *gach* ceist sa Choitheacsa seo a fhreagairt.

Tha **Stòr A** mu dheidhinn carson a dh'fhàg daoine a' Ghàidhealtachd san naoidheamh linn deug.

Stòr A

Dh'fhàg suas ri trian den t-sluagh gu lèir taobh siar na Gàidhealtachd agus na h-Eileanan anns na 1840an 's na 1850an. Ann am bliadhnachan a' ghorta, dh'fhalbh faisg air 17,000 duine a Chanada 's a dh'Astràilia. Gheibheadh na h-uachdarain cuidhteas an tuath le bhith gan tionndadh gu h-an-ìochdmhor às an dachaighean. Eadar 1848 agus 1852 thuit prìsean a' chruidh Ghàidhealaich. Bha an t-iasgach ann an staing cuideachd. Bha mòran theaghlaichean às an rian gu fàgail.

1. Carson a dh'fhàg mòran a' Ghàidhealtachd aig an àm seo? Thoir **tri** adhbharan.

1: _____

2: _____

3: _____

3

[Tionndaidh an duilleag

Tha **Stòr E** mu dheidhinn Suffragettes Mileanta.

Stòr E

Ghabh na Suffragettes ri dòighean mìleanta. Mar phàirt den iomairt aca bhris iad uinneagan, dhòirt iad searbhag air grìneachan bobhlaidh agus dh'adhbhraich iad aimhreitean mòra. Choisinn na gnìomhan seo follaiseachd dhaibh anns na pàipearan-naidheachd. Bha na boireannaich a' creidsinn gun robh iad ceart nan srìth agus choisinn na h-ìobairtean aca spèis dhaibh. Theann an nàimhdean fhèin ri tuilleadh for a thoirt don chùis aca.

Seall air **Stòran D** agus **E**. An uair sin crìochnaich an clàr, a' cleachdadh **ceithir** pìosan fianais uile gu lèir.

5. Crìochnaich an clàr shìos.

<p>Dè an fhianais ann an Stòr D a tha ag innse dhuinn gun robh droch bhuaidh aig na rinn na Suffragettes Mileanta air a' bhòt fhaighinn do bhoireannaich?</p>	<p>Dè an fhianais ann an Stòr E a tha ag innse dhuinn gun do chuidich na rinn na Suffragettes Mileanta gus a' bhòt fhaighinn do bhoireannaich?</p>
<hr/> <hr/> <hr/> <hr/> <hr/> <hr/> <hr/> <hr/> <hr/> <hr/>	<hr/> <hr/> <hr/> <hr/> <hr/> <hr/> <hr/> <hr/> <hr/> <hr/>

4

[Tionndaidh an duilleag

**Cuimhnich AON Choitheacs a dhèanamh à Aonad I agus
AON Choitheacs a Aonad II.**

Comharan

KU	ES
----	----

**AONAD I—ATHARRACHADH DÒIGH BEATHA AN ALBA 'S
AM BREATAINN**

COITHEACSA C: 1880an–An-Diugh

Sgrùd am fiosrachadh sna stòran. Faodaidh tu an t-eòlas agad fhèin a chleachdadh cuideachd.

Feuch ri *gach* ceist sa Choitheacs seo a fhreagairt.

Tha **Stòr A** mu dheidhinn carson a dh'fhàg daoine a' Ghàidhealtachd sna 1880an.

Stòr A

Ann an Innis Rainich bha mòran Ghàidheil beò air talamh math torach. Gu rùm a dhèanamh do thuathanais nas motha ghluais na h-uachdarain iad gu fearann a b' àirde 's a bu bho chda. Aig an aon àm chan fhaodadh na caoraich aca ionaltradh tuilleadh. Thugadh orra cuideachd màl a b' àirde a phàigheadh air an fhearann. Bhiodh iad air am fògradh nam marbhadh iad beathaichean sam bith air an fhearann aca.

1. Carson a dh'fhàg mòran daoine a' Ghàidhealtachd aig an àm seo? Thoir **tri** adhbharan.

1: _____

2: _____

3: _____

3

[Tionndaidh an duilleag

Tha **Stòr C** mu bhuidh Achd Leth-Bhreith Gnè 1975 air boireannaich san àit'-obrach.

Stòr C

DAILY NEWS

Diluain 25mh Cèitean 1986

BOIREANNAICH AG OBRACHADH AN SLIGHE CHUN A' MHULLAICH

Tha beagan fianais ann gu bheil an t-Achd Leth-Bhreith Gnè a' cuideachadh nam boireannach.

- Tha a' mhòrchuid de dh'obraichean a-nis fosgailte ri boireannaich
- Tha dreuchdan àrda manaidseir gan lìonadh le daoine de ghnè sam bith
- Tha mnathan pòsta ga fhaotainn nas fhasa cumail orra ag obair
- Ach ann an cuibheasachd tha na fir a' cosnadh fada bharrachd air na mnathan

3. Thoir **dà** dhòigh san robh an t-Achd Leth-Bhreith Gnè cudromach gu boireannaich san àit'-obrach a chuideachadh.

1: _____

2: _____

2

[Tionndaidh an duilleag

Tha **Stòr E** mu dheidhinn Suffragettes Mìleanta.

Stòr E

Ghabh na Suffragettes ri dòighean mìleanta. Mar phàirt den iomairt aca bhris iad uinneagan, dhòirt iad searbhag air grìneachan bobhlaidh agus dh'adhbhraich iad aimhreitean mòra. Choisinn na gnìomhan seo follaiseachd dhaibh anns na pàipearan-naidheachd. Bha na boireannaich a' creidsinn gun robh iad ceart nan srìth agus choisinn na h-ìobairtean aca spèis dhaibh. Theann an nàimhdean fhèin ri tuilleadh for a thoirt don chùis aca.

Seall air **Stòran D** agus **E**. An uair sin crìochnaich an clàr, a' cleachdadh **ceithir** pìosan fianais uile gu lèir.

5. Crìochnaich an clàr shìos.

<p>Dè an fhianais ann an Stòr D a tha ag innse dhuinn gun robh droch bhuaidh aig na rinn na Suffragettes Mìleanta air a' bhòt fhaighinn do bhoireannaich?</p>	<p>Dè an fhianais ann an Stòr E a tha ag innse dhuinn gun do chuidich na rinn na Suffragettes Mìleanta gus a' bhòt fhaighinn do bhoireannaich?</p>
<hr/> <hr/> <hr/> <hr/> <hr/> <hr/> <hr/> <hr/> <hr/> <hr/>	<hr/> <hr/> <hr/> <hr/> <hr/> <hr/> <hr/> <hr/> <hr/> <hr/>

[Tionndaidh an duilleag

[Tionndaidh an duilleag airson Aonad IIB air *Duilleag trithead 's a dhà*

Thugadh **Stòr B** o agallamh a thug an Kaiser ann an 1908 do phàipear naidheachd Breatannach.

Stòr B

Tha sibhse na Breatannaich nur sluagh fada ro fheargach. Tha sibh a' faicinn cunnart sa chabhlach Ghearmailteach, ach chan eil sinn a' bagairt. Dè fon ghrèin a thàinig thairis oirbh gu bheil sibh cho amharasach? Bha mi càirdeil ri Breatainn riamh. Feumaidh a' Ghearmailt cabhlach mòr airson a cuid mhalairt a dhìon. Bidh Breatainn toilichte gu bheil cabhlach aig a' Ghearmailt nuair bhios sinn ag obair còmhla sna bliadhnachan a tha romhainn. Dè eile a nì mi gus ar càirdeas ri Breatainn a chumail?

2. Thoir **trì** dòighean sa bheil **Stòran A** agus **B** ag eas-aontachadh mu chunnart na Gearmailte.

1. Tha **Stòr A** ag ràdh: _____

ach tha **Stòr B** ag ràdh: _____

2. Tha **Stòr A** ag ràdh: _____

ach tha **Stòr B** ag ràdh: _____

3. Tha **Stòr A** ag ràdh: _____

ach tha **Stòr B** ag ràdh: _____

[Tionndaidh an duilleag

Tha **Stòr C** mu na muirt ann an Sarajevo ann an 1914.

Stòr C

Air 28 Ògmhios 1914 thug an t-Àrd Dhiùc cuairt air Sarajevo. A' mhadainn ud bha ochdnar mhurtairean am falach sna slòigh. Shad aon mhurtair boma ris a' chàr rìoghail, a' dochann dà oifigeir. Chaidh an t-Àrd Dhiùc 's a' bhean aige a-rithist don ospadal a thadhal air na chaidh a dhochann. Chaill an dràibhear aca a shlighe. Le tuiteamas bha Gavrilo Princip, murtair eile, faisg air làimh. Loisg e air an Àrd Dhiùc 's a' bhean aige bho dìreach rin taobh.

3. Thoir cunntas air **dà** dhòigh a dh'fheuch na murtairean ris an t-Àrd Dhiùc a mharbhadh ann an Sarajevo air 28 Ògmhios 1914.

1: _____

2: _____

2

Tha **Stòr D** na dhealbh camara a thogadh ann an Lunnainn san Dùbhlachd 1914.



Tha **Stòr F** air a thoirt o litir a sgrìobh Siegfried Sassoon a bha na oifigear Breatannach sa Chiad Chogadh Mhòr.

Stòr F

San toiseach thug mi taic don Chogadh. Tha mi creidsinn a-nise gun do lean e ro fhada. Saoilidh mi gun deach e a-nist 'na chogadh ceannsachaidh. Chunnaic mi cor uabhasach a' bhlàir a th' aig na saighdearan ri fulang. Tha mi creidsinn gur e cogadh olc tha seo.

6. Ciamar a chì thu gun robh Siegfried Sassoon an aghaidh a' chogaidh?

Thoir **tri** pìosan fianais.

1: _____

2: _____

3: _____

3

Ann an **Stòr G** bheir saighdear on Chiad Chogadh Mhòr cunntas air cor nan trainnsichean.

Stòr G

Daoine air ais aig an taigh, chan eil fios aca cò ris a tha e coltach sna trainnsichean. Aon latha nuair chuir mi dhìom mo chochall thug mi an aire le oillt gun robh mi còmhdachichte le mialan. Bha cuileagan mòra sa h-uile h-àite. An duilgheadas bu mhotha san trainns againne ge-tà b' e na radain. Bha 'n t-uabhas dhiubh ann. Bha iad a' fàs glè reamhar air a' bhiadh a ghoideadh iad uainn. Bha gràin againn orra oir bha iad a' biadhadh air na mairbh. Dhùisg mi aon oidhche le eagal nuair a ruith radan thairis air m' aodann.

7. Ainmich **dà** dhòigh san robh cor nan trainnsichean cudromach gu bhith ag adhbhrachadh fulang do shaighdearan.

1: _____

2: _____

2

KU	ES

Tha **Stòr H** mu bhith beò sna trainnsichean.

Comharan

KU	ES
----	----

Stòr H

Bha aig saighdearan ri cur suas ris an uabhas de chuileagan a bha beò air na tunnachan de thodhar a bha na h-eich a' fàgail. Bha na saighdearan a' gearan gun robh na radain sa h-uile h-àite. Bha cuid de na radain uiread ri cait. Bheireadh e sgleog uabhasach do na fir nuair a dhùisgeadh iad air an oidhche a lorg radan a' mealtainn blàths na plaide còmhla riutha. Dh'itheadh na radain cuideachd biadh sam bith nach robh ann an tinichean. An nì bu ghràine air fad leis na saighdearan b' e fios a bhith aca gun robh na radain a' fàs reamhar ag ithe nan corp nach deach amhlaigeadh.

8. Thoir **trì** dòighean sa bheil **Stòr G** ag aontachadh ri **Stòr H** mu na duilgheadasan a chaidh adhbhrachadh le radain sa Chiad Chogadh Mhòr.

1. Tha **Stòr G** ag ràdh: _____

agus cuideachd tha **Stòr H** ag ràdh: _____

2. Tha **Stòr G** ag ràdh: _____

agus cuideachd tha **Stòr H** ag ràdh: _____

3. Tha **Stòr G** ag ràdh: _____

agus cuideachd tha **Stòr H** ag ràdh: _____

[CRÌOCH COITHEACSA IIB]

A-nis dèan cinnteach gun do rinn thu AON choitheacsa à Aonad I agus AON Choitheacsa à Aonad II.

[CRÌOCH A' PHÀIPEIR]

AIR ADHBHAR OIFIGEIL
Cliath ri lionadh aig luchd-comharraidh.

Aonad I		
	KU	ES
1		
2		
3		
4		
5		
6		
Aonad II		
	KU	ES
1		
2		
3		
4		
5		
6		
7		
8		
Suim		

ACKNOWLEDGEMENTS

Unit II Context B Source D—Photograph of recruits at Southwark Town Hall, London in December 1915 taken from page 53 of *The Western Front* by Richard Holmes. ISBN 0 563 537841. Published by Getty Images. Reproduced by permission of Getty Images.